

Pròiseactan sa Choimhearsnachd le Guthan nan Eilean



Tha luach sònraichte sna bhidiothan seo leis mar a tha iad a' clàradh Gàidhlig mar a tha i air a bruidhinn. Tha iad a' cuideachadh pròiseactan eile ann an oilthighean eile cuideachd, leithid [ASR](#) (Automatic Speech Recognition) ann an Dùn Èideann, agus [DASG](#) (Digital Archive of Scottish Gaelic) ann an Glaschu, agus a' cur ri deasbad air sòiseo-chànanachas le oilthighean anns na h-Innseachan agus ann an Diaimeuga.

Tha [Soillse](#) agus [Institiud Rannsachaidh Cànan Oilthigh](#) na Gàidhealtachd agus nan Eilean air iomadh pròiseact chlàraidh stèidhte sna h-Eileanan a leasachadh thairis air na 5-7 bliadhna a dh'fhalbh, le cuideam ga chur air "Empathetic Ethnography" – a' glacadh seanchasan, barailean is beachdan nan Eileanach nam faclan fhèin.

A' cleachdadh làrach-lìn Guthan nan Eilean, chaidh na clàraidhean seo a sgaoileadh an dà chuid taobh-a-staigh nan eilean agus gu h-eadar-nàiseanta. Le tòrr dhiubh tha taic a bharrachd ann air-loidhne le tar-sgrìobhaidhean air Clilstore, no fo-thiotalan air YouTube, no an dà chuid.



Chaidh eisimpleirean a chruthachadh ann am "playlists" airson an taisbeanadh aig a' cho-labhairt aig Soillse: [Rooting Minority Language Policy in the Speaker Community](#).

PLAYLISTS

[SAOGHAL THORMOID](#)

Còmhraidhean fada le Tormod MacGill-Eain

[STÒRAS BEÒ NAN GÀIDHEAL](#)

Deasbadaidh agus seanchasan le Eileanaich

[ISLAND VOICES SERIES 1&2](#)

Prògraman aithriseach agus agallamhan goirid

[INTERNATIONAL "MOOT"](#)

Eisimpleirean ioma-chànanach is beachdan sòiseo-chànanach

Faodar na playlists seo fhaicinn air d' inneal fhèin an seo:

<https://guthan.wordpress.com/playlists/>

Làraichean Guthan nan Eilean

Wordpress
YouTube
Facebook
Twitter

<https://guthan.wordpress.com/about/>
<https://www.youtube.com/IslandVoicesVideos>
<https://www.facebook.com/GuthanVoices>
<https://twitter.com/GuthanVoices>

